


The
Electoral
Commission

Ur stiùireadh a thaobh bhòtadh ann an
taghadh Pàrlamaid na h-Alba

Diardaoin 7 Cèitean 2026



YOUR VOTE MATTERS

DON'T LOSE IT



Bidh taghadh ann airson Pàrlamaid na h-Alba Diardaoin 7 Cèitean 2026

Tha cumhachdan aig Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh do dh'Alba ann an grunn raointean, leithid:

- slàinte
- foghlam
- taigheadas
- ceartas
- àrainneachd

Bheir na laghan agus na co-dhùnaidhean a nì Pàrlamaid na h-Alba buaidh oirbh fèin is air ur coimhearsnachd.

Innsidh an leabhran seo na dh'fheumas sibh tuigse ron taghadh agus càite am faigh sibh tuilleadh fiosrachaidh.

Cò a dh'fhaodas bhòtadh?

Faodaidh sibh bhòtadh san taghadh mu tha sibh clàraichte airson bhòtadh ann an Alba, ma bhios sibh **16 bliadhna a dh'aois no barrachd** air Diardaoin 7 Cèitean 2026 agus sibh:

- nur saoranach na RA no na h-Èireann no
- saoranach ion-roghnach às a' Cho-fhlaitheis no
- saoranach cèin ion-roghnach de dhùthaich eile aig a bheil cead a dhol a-steach no fuireach san RA, no aig nach eil feum air an leithid de chead, a' gabhail a-steach saoranaich an EU

Chan fhaod saoranach Breatannach a tha a' fuireach thall thairis bhòtadh ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba.

Airson barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn ion-roghnachd agus cò a dh'fhaodas bhòtadh thigibh gu electoralcommission.org.uk/who-can-vote

Ciamar a chlàraicheas mi mi fhìn airson bhòtadh?

Feumaidh sibh a bhith clàraichte airson bhòtadh ro mheadhan oidhche air Diluain 20 Giblean 2026 airson bhòtadh anns an taghadh seo.

Tha e cudromach gun clàraich sibh sibh fhèin airson bhòtadh cho luath is a ghabhas, gun fhiosta nach fheum ur n-oifis clàradh bhòtaidh bruidhinn ribh mu fhiosrachadh sam bith.

Mura robh sibh a riamh clàraichte no ma ghluais sibh gu dachaigh ùr no ma dh'atharraich sibh ur n-ainm, faodar clàradh airson bhòtadh air-loidhne aig gov.uk/register-to-vote no le fios a chur gur n-oifis clàradh bhòtaidh.

Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh ur n-oifis clàradh bhòtaidh le ur còd puist a chur a-steach aig electoralcommission.org.uk/voter no le fòn a chur gu **0800 3 280 280**.

Ma thathas clàraichte airson bhòtadh mar-thà, bidh sibh air cairt bhòtaidh fhaighinn. Innsidh ur cairt bhòtaidh dhuibh cuin agus càite a bhòtas sibh.

Ciamar a bhòtas mi?

1 Aig ur n-ionad bhòtaidh air Diardaoin 7 Cèitean 2026

Tha na h-ionadan bhòtaidh fosgailte eadar 7m is 10f.

Cuirear cairt bhòtaidh thugaibh ag innse càite a bheil ur n-ionad bhòtaidh. Chan fheum sibh ur cairt bhòtaidh airson bhòtadh agus ma chailleas sibh i no nach d'fhuair sibh i, lorgaidh sibh ur n-ionad bhòtaidh le ur còd puist a chur a-steach aig electoralcommission.org.uk/voter no fios a chur gu oifis nan taghadh aig ur comhairle ionadail.

Chan fheum sibh ID le dealbh a shealltainn gus bhòtadh ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba.

2 A' bhòtadh tro neach-ionaid (cead a thoirt do chuideigin sa bheil earbsa agaibh bhòtadh às ur leth)

Gus bhòtadh tro neach-ionaid, lìonaibh bileag tagraidh agus cuiribh i gu ur n-oifis clàradh bhòtaidh ionadail.

Feumaidh i ruighinn ro 5f air Dimàirt 28 Giblean 2026.

Ann an cùis èiginn

Ma bhios cùis èiginn ann a bhios a' ciallachadh nach fhaigh sibh fèin dhan ionad bhòtaidh, faodar bhòt neach-ionaid èiginneach iarraidh (cead a thoirt do chuideigin sa bheil earbsa agaibh bhòtadh às ur leth).

Feumar seo iarraidh ro 5f air là an taghaidh, Diardaoin 7 Cèitean 2026.

3 Tron phost

Gus bhòtadh tron phost, lionaibh bileag tagraidh agus cuiribh i gu ur n-oifis clàradh bhòtaidh ionadail. **Feumaidh i ruighinn ro 5f air Dimàirt 21 Giblean 2026.**

Ma tha bhòt puist agaibh mar-thà, bithibh cinnteach gur ann airson taghadh Pàrlamaid na h-Alba a tha e. Is dòcha gur ann a-mhàin airson taghadh coitcheann Pàrlamaid na RA a bhios ur bhòt puist. Mura fhuair sibh **cairt bhòtaidh a dh'innseas gu bheil bhòt puist agaibh airson an taghaidh seo**, cuiribh fios air ur n-oifis clàraidh bhòtaidh.

Gheibh sibh ur pàipearan bhòtaidh agus fios bhòtadh puist tron phost. Lìonaibh ur pasgan bhòt puist agus cuiribh air ais i, a' dèanamh cinnteach gu bheil tìde gu leòr ann **gus an ruig i ro 10f air Diardaoin 7 Cèitean 2026.**

Faodaidh sibh ur pasgan bhòt puist a thoirt seachad aig ur n-ionad bhòtaidh air là an taghaidh ro 10f.

Lìonaibh a' bhileag leis an aon ainm-sgrìobhte agus ceann-là breith a thug sibh seachad nuair a rinn sibh tagradh airson ur bhòt puist. Chan eil ur bhòt puist dlìgheach gun a' bhileag seo. Tha seo gus dèanamh cinnteach gu bheil ur bhòt puist tèarainte. Ma tha sibh den bheachd gun do dh'atharraich ur n-ainm-sgrìobhte bho rinn sibh ur ciad tagradh, cuiribh fios air ur n-oifis clàradh bhòtaidh ionadail airson comhairle.

Airson barrachd fiosrachaidh no gus foirm-tagraidh fhaighinn airson bhòt tron phost no bhòt neach-ionaid fhaighinn, thigibh gu electoralcommission.org.uk/voter no cuiribh fios chun na loidhne cuideachaidh againn air **0800 3 280 280**.

Cò dha a tha mi a' bhòtadh?

Tha sibh a' bhòtadh dha na riochdairean a bhios ag obair as ur leth ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Tha cumhachdan aig Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh do dh'Alba ann an grunn raointean, leithid slàinte, foghlam, taigheadas, ceartas agus an àrainneachd.

Bidh ochdnar Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA) gur riochdachadh: ball den sgìre-pàrlamaid agaibh (no sgìre ionadail) agus seachdnar eile dhan roinn taghaidh nas motha far a bheil sibh a' fuireach.

Tha 129 BPA air an taghadh, nam measg:

- 73 BPA sgìre-pàrlamaid, ball do gach tè de na sgìrean-pàrlamaid
- 56 BPA nan roinnean, seachdnar do gach tè de na h-ochd roinnean taghaidh mòra ann an Alba

Airson barrachd fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba, thigibh gu parliament.scot

An do dh'atharraich ur sgìre-pàrlamaid no roinn?

Is dòcha gun do dh'atharraich ur sgìre-pàrlamaid (no sgìre ionadail) no an roinn taghaidh far a bheil sibh a' fuireach.

Tha seo air sgàth is gun do rinneadh ath-sgrùdadh air crìochan sgìrean-pàrlamaid Pàrlamaid na h-Alba. Bidh ath-sgrùdaidhean chrìochan ann gus dèanamh cinnteach gu bheil an ìre mhath an aon àireamh de luchd-bhòtaidh aig gach sgìre-pàrlamaid.

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu ur sgìre-pàrlamaid is roinn le ur còd puist a chur a-steach aig boundaries.scot

Ciamar a lìonas mi na pàipearan bhòtaidh?

Gus bhòtadh, feumaidh sibh a bhi clàraichte.

Gheibh sibh dà phàipear-bhòtaidh.

Bhòtaidh sibh aon turas air gach pàipear.

Bithibh cinnteach gun leugh sibh an stiùireadh air an dà phàipear bhòtaidh a gheibh sibh.

Pàipear bhòtaidh sgìre-pàrlamaid (sgìre ionadail)

**Election of Members of the Scottish Parliament
for the [XXXXXXXXXXXXX] Constituency**

Vote for **only one candidate** by putting
a cross in the box next to your choice

Candidate A A Party	<input type="checkbox"/>
Candidate B B Party	<input type="checkbox"/>
Candidate C Independent	<input type="checkbox"/>
Candidate D D Party	<input type="checkbox"/>
Candidate E Independent	<input type="checkbox"/>

Air a' phàipear bhòtaidh seo bidh sibh a' bhòtadh do thagraiche a riochdaicheas ur sgìre-pàrlamaid.

Airson bhòtadh, cuiribh comharra croise (X) sa bhogsa mu choinneamh ainm aon thagraiche.

Pàipear bhotaidh roinne (roinn bhòtaidh nas motha)

**Election of Members of the Scottish Parliament
for the [XXXXXXXXXXXXX] Region**

Vote **only once** by putting a cross
in the box next to your choice

A Party	<input type="checkbox"/>
B Party	<input type="checkbox"/>
C Party	<input type="checkbox"/>
Candidate D Independent	<input type="checkbox"/>
Candidate E Independent	<input type="checkbox"/>

Air a' phàipear bhòtaidh seo bidh sibh a' bhòtadh do thagraiche a riochdaicheas ur roinn.

Airson bhòtadh, cuiribh comharra croise (X) sa bhogsa mu choinneamh ainm aon phàrtaidh no thagraiche neo-eisimeilich.

Na cuiribh ach aon chrois (X) air gach pàipear bhòtaidh. Ma chuireas sibh crois ri taobh barrachd air aon bhogsa, measar ur bhot mar 'phàipear millte' agus cha chunntar e.

Càite an ionnsaich mi barrachd?

Ma thathas ag iarraidh leth-bhreac den leabhran seo ann an cruth eile, thigibh gu electoralcommission.org.uk/booklet

Sganaibh an còd QR gus am faighear am fiosrachadh seo ann an cruthan eile.



Ma tha ceistean sam bith agaibh, cuiribh fòn dhan loidhne-chuideachaidh againn air **0800 3 280 280**.

Airson conaltradh BSL, thigibh gu airson fiosrachadh electoralcommission.org.uk/BSL

Instagram: **@ElectoralCommissionUK**

Facebook: **/ElectoralCommissionUK**

X: **@ElectoralCommUK**

Rinneadh an leabhran le Coimisean an Taghaidh.

Is e Coimisean an Taghaidh a' bhuidheann neo-eisimeileach a bhios a' cumail sùil air taghaidhean agus a' riaghladh ionmhas poilitigeach san RA. Bidh sinn ag obair gus misneachd a' phobaill a bhrosnachadh sa phròiseas deamocratach agus gus dèanamh cinnteach gu bheil e cothromach.